

**Eden
Court**
GÀIDHEALTACHD

PASGAN OBRAICH

**Manaidsear Pròiseict
Gàidhlig**

**20-25 uairean a thìde san t-seachdain, àm
stèidhichte gu 31 Màrt 2028**

Clàr-innse

Facal-tòiseachaidh

taobh-duilleig 2

An dreuchd agus Eden Court

Luachan Eden Court

taobh-duilleig 3

Luachan agus gealltanasan an sgioba againn

Saoghal an luchd-obrach aig Eden Court

taobh-duilleig 4

Tuairisgeul air cuid de na buannachdan bho bhith ag obair sa bhuidhinn againn.

Pròifil na Dreuchd

taobh-duilleig 6

Fiosrachadh mun dreuchd agus na tha na lùib

Fiosrachadh Fastachd

taobh-duilleig 8

Tuarastal, saor-làithean agus uairean obrach

Mar a nithear iarrtas

taobh-duilleig 9

Stiùireadh air mar a chuireas tu a-steach airson na dreuchd

Clàr-ama airson tagraidhean

taobh-duilleig 11

Cruth agus clàr-ama a' phròiseis

Facal-toisich

Is e Eden Court prìomh ionad cultarach na Gàidhealtachd. Bidh sinn a' toirt seachad prògram farsaing is eadar-mheasgte de cheòl, dràma, dannsa, comadaidh agus film, a bharrachd air raon de chothroman fhoghlam ealain agus com-pàirteachaidh. Is e Eden Court an t-ionad ioma-ealain as motha ann an Alba agus gheibhear barrachd fiosrachaidh mur deidhinn [an seo](#).

Tha a' Ghàidhlig agus a cultar nan eileamaidean cudromach de bheatha an seo air a' Ghàidhealtachd is sna h-Eileanan. Tha òrain, bàrdachd, ceòl, ealain agus dannsa air a bhith aig cridhe a' chànain riamh agus ged a tha a' Ghàidhlig na mion-chànan aig an àm seo, tha coimhearsnachd bheòthail de dh'fhileantaich, luchd-ionnsachaidh agus luchd-faic an seo air a' Ghàidhealtachd.

Tha pàirt chudromach againn uile aig Eden Court ann a bhith a' toirt taic dhan Ghàidhlig agus a cultar, ann a bhith a' cur fàilte air luchd-labhairt na Gàidhlig agus ann a bhith a' toirt cothrom do barrachd dhaoine a' Ghàidhlig agus a cultar a chleachdadh agus eòlas fhaighinn orra tro na h-ealain. Mar thoradh air ar prògram ealain eadar-mheasgte, tha sinn comasach air eòlas cultarail Gàidhlig a thabhann tro raon de dhiofar cruthan ealain, nam measg tèatar, ceòl, film agus ealain lèirsinneach, agus nar n-obair riochdachaidh tha ùidh shònraichte againn ann an ceanglaichean eadar diofar chruthan ealain. Leughar barrachd mu na gealltanasan againn [an seo](#).

Tha Manaidsear Pròiseict Gàidhlig air a bhith aig Eden Court bhon Ghiblean 2023 le maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig. Tha an dreuchd seo air Plana Gàidhlig Eden Court a chur an gnìomh gu soirbheachail agus air mothachadh agus cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh taobh a-staigh na buidhne. Am measg nan soirbheasan as motha againn, tha *Cruinn Còmhla*, na Seiseanan Accoustic Gàidhlig againn, a' cur air dòigh clasaichean dràma Gàidhlig agus clasaichean ciùil do chloinn fo aois 5, a' cumail thachartasan film Gàidhlig gu cunbhalach agus a' tabhann chlasaichean Mothachaidh Gàidhlig do luchd-obrach Eden Court gu lèir. Le maoineachadh an gnìomh gus am Màrt 2028, seo deagh àm do chuideigin gus togail air na bunaitan làidir a tha sinn air togail mar-thà agus gus cumail orra a' leudachadh na dreuchd taobh a-staigh Eden Court.

Tha an dreuchd stèidhichte taobh a-staigh roinn a' Chluich Bheò, ag obair gu dlùth le Stiùiriche a' Chluich Bheò is Riochdachaidh agus an Àrd-phrògramair gus Ealain na Gàidhlig a leasachadh agus fhilleadh a-steach dhan phrògram Taisbeanadh Beò againn. Ach, tha an dreuchd ag obair thar gach roinn aig Eden Court, a' brosnachadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne agus a' cuideachadh gach sgioba gus a' Ghàidhlig a thoirt a-steach dhan obair aca. Mar eisimpleir, bidh am Manaidsear

Pròiseict Gàidhlig a' toirt taic dhan sgioba Com-pàirteachaidh ann a bhith a' cruthachadh chothroman do chom-pàirtichean a' Ghàidhlig a chleachdadh, agus dhan sgioba Margaidheachd ann a bhith a' brosnachadh ar prògram ealain dhan choimhearsnachd Ghàidhlig.

Tha dleasan aig an neach-dreuchd airson a bhith a' lìonrachadh taobh a-staigh na roinne, a' gabhail pàirt ann an coinneamhan, tachartasan agus taisbeantasan leis an amas a bhith a' togail cheanglaichean, is dòcha a bhith a' cur chom-pàirteachasan air dòigh, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil iad mothachail air na tha a' dol ann an roinn nan ealan Gàidhlig.

Luachan Eden Court

Tha sinn MOITEIL a bhith às a' Ghàidhealtachd agus airson na Gàidhealtachd agus bheir sinn seachad fàilte Ghàidhealach daonnan.

Tha sinn ÀRD-AMASACH a thaobh na bhios sinn a' dèanamh, na tha sinn an dùil bho chàch agus airson ar baile agus sgìre.

Tha sinn FOSGAILTE a thaobh mar a bhios sinn ag obair, mar a thèid co-dhùnaidhean a dhèanamh agus far an urrainn dhuinn a bhith nas fheàrr.

Bidh sinn AG ÀRACHADH an fheadhainn a bhios a' gabhail pàirt, ar luchd-obrach, luchd-ealain agus an fheadhainn a bhios a' tadhal oirnn.

Èiginn na gnàth-shìde

Tha Eden Court air rùnachadh èifeachdas lùths a bhrosnachadh, stuthan sgudail a lùghdachadh, obair a tha mothachail air an àrainneachd a chur air a' phrògram agus a bhith a' cur ri mothachadh luchd-obrach agus luchd-èisteachd air cùisean na gnàth-shìde. Tha buidheann pròiseict Èiginn na Gnàth-shìde, air a dhèanamh suas de riochdairean thar-roinneil, a' stiùireadh deasachadh a' Phlana Gnìomha a mhìnicheas obair na buidhne san raon seo agus thathar an dùil gum bi a h-uile neach-obrach an sàs anns an stiùireadh, anns an trèanadh agus anns na h-iarrtasan airson gnìomh bhon bhuidhinn seo.

Ruigsinneachd + In-ghabhail

Thathar an dùil gum bi pàirt ghnìomhach aig gach neach-obrach aig Eden Court ann a bhith a' cur ri ruigsinneachd agus in-ghabhail air feadh na buidhne. Tha buidheann pròiseict Ruigsinneachd agus In-ghabhail, air a dhèanamh suas de riochdairean thar-roinneil, a' stiùireadh deasachadh a' Phlana Gnìomha a mhìnicheas obair na buidhne san raon seo agus thathar an dùil gum bi a h-uile neach-obrach an sàs anns an stiùireadh, anns an trèanadh agus anns na h-iarrtasan airson gnìomh bhon bhuidhinn seo. Leugh barrachd mu Ruigsinneachd agus In-ghabhaltachd [an seo](#).

Saoghal an luchd-obrach aig Eden Court

Àite-obrach stèidhichte air buinteanas, cruthachalachd agus cùram

Aig Eden Court, tha daoine a' tighinn an toiseach. Tha sinn airson 's gum bi fàilte, taic agus brosnachadh aig a h-uile duine a tha ag obair an seo, agus iad uile air an stiùireadh leis na luachan againn a bhith Moiteil, Àrd-amasach, Fosgailte agus Àrachail.

- **MOITEIL às an Àite againn agus às ar Daoine:** Tha sinn moiteil a bhith às a' Ghàidhealtachd, agus tha a' mhoit sin ri faicinn san dòigh sam bith sinn a' coimhead às dèidh càch a chèile. Tha Eden Court a' tabhann cothrom do dhaoine às an àite cùrsa dreuchd cruthachail tlachdmhor a thogail gun a bhith aca ris an sgìre, air a bheil gaol aca, fhàgail. Ma tha thu a' tighinn dhan àite, bheir sinn fàilte chridheil dhut, a' gabhail a-steach taic ann a bhith a' lorg àite-fuirich, gad chuideachadh le bhith a' faireachdainn gu bheil thu nad phàirt den choimhearsnachd gu luath.
- **ÀRD-AMASACH dhutsa agus dhan Ghàidhealtachd:** Tha ar lèirsinn de Ghàidhealtachd shoirbheachail bheothail, le spionnadh bho chruthachalachd agus cultar a' cumadh mar a bhios sinn ag obair leis an sgioba againn. Bidh sinn a' brosnachadh bheachdan, ionnsachadh agus co-obrachadh thar roinnean, agus bidh sinn a' cruthachadh àite do dhaoine gus fàs. Nì eòlas intrigidh, trèanaidh agus dlùth-leantainn obrach ann an dòigh thaiceil cinnteach gu bheil guth a h-uile duine cudromach.
- **FOSGAILTE agus Taiceil:** Tha a bhith fosgailte a' ciallachadh conaltradh soilleir agus follaiseach, a bhith ag èisteachd gu math agus a' dèanamh cinnteach gun urrainn dhan a h-uile duine pàirt a ghabhail. Tha seo a' gabhail a-steach obair shùbailte, cleachdaidhean obrach a tha freagarrach do theaghlaichean agus cultar far a bheil sunnd, sàbhailteachd agus urram air an dìon.
- **ÀRACHAIL Àite-obrach a bhios a' coimhead às do dhèidh:** Bidh sinn a' coimhead às dèidh nan daoine againn. Aig Eden Court, tha sunnd, cothromachadh eadar obair is beatha agus fàs pearsanta bunaiteach. Tha sinn a' creidsinn gum bi deagh obair ann nuair a bhios daoine a' faireachdainn gu bheil taic air a chur riutha, luach ga chur annta agus gu bheil iad air am brosnachadh gus fàs.

Obair Chothromach

Tha e na rùn aig Eden Court dèanamh cinnteach gu bheil cleachdaidhean obrach cothromach an sàs a tha a' toirt cothrom, tèarainteachd, riarachadh agus spèis do luchd-obrach. Leughar ar Gealltanas a thaobh Obair Chothromach [an seo](#).

Pròifil na Dreuchd

Tha sinn a' sireadh manaidsear pròiseict dealasach airson an sgioba Taisbeanadh Beò againn a tha gu mòr airson cothroman a chruthachadh taobh a-staigh roinn nan ealan Gàidhlig.

Chan eil sinn an dùil gum bi eòlas aig an tagraiche air na raointean uile a tha air an liostadh gu h-ìosal, ach thèid prìomhachas a thoirt do thagraichean as urrainn sealltainn gu bheil prìomh neartan aca.

Bidh na h-uairean obrach ag atharrachadh a rèir riathanasan an taigh-cluiche agus an taigh-dhealbh, agus mar sin tha e riatanach gum bi thu comasach air a bhith sùbailte.

Prìomh Dhleastanasan

- A bhith ag ullachadh Plana Gàidhlig ùraichte agus a bhith ga chur gnìomh airson Eden Court, ag obair thar-roinnean gus atharrachadh buidhnean a thoirt gu buil.
- Cùm sùil air mar a thathar a' coileanadh air n-amasan agus poileasaidhean buidhne co-cheangailte
- Obraich còmhla ris an sgioba Taisbeanadh Beò gus taic a thoirt dhan phrògram agus do luchd-ealain a tha ag obair leis a' Ghàidhlig
- Deasaich agus libhrig tachartasan poblach a tha a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig.
- Deasaich iomairtean a tha a' brosnachadh ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig am measg luchd-obrach Eden Court
- Obraich leis an sgioba Com-pàirteachaidh gus cothroman a lorg gus obair a dhèanamh ann an sgoiltean agus coimhearsnachdan
- Co-òrdanaich eadar-theangachaidhean a tha a dhìth air diofar roinnean, a' cleachdadh eadar-theangair proifeasanta far am feumar
- Obraich leis an sgioba Margaideachd air teachdaireachdan poblach agus susbaint nam meadhanan sòisealta sa Ghàidhlig
- Co-obraich leis na meadhanan Gàidhlig mu bhith a' brosnachadh thachartasan aig Eden Court
- Obraich leis an sgioba Togail-airgid air iarrtasan gus taic a thoirt do ghnìomhachd Gàidhlig Eden Court agus gus aithrisean a thoirt do luchd-maoineachaidh
- Obraich leis an sgioba Thachartasan gus buidhnean/tachartasan Gàidhlig a thàladh gu Eden Court airson tachartasan a chumail
- Bi an làthair aig coinneamhan agus cothroman lìonrachaidh aig buidhnean Gàidhlig eile gus ceanglaichean a thogail agus com-pàirteachasan a lorg
- Bi mothachail air na tha a' dol ann an roinn nan ealan Gàidhlig le bhith an làthair aig tachartasan agus taisbeanaidhean

- Cuir seachad ùine ann an diofar roinnean aig Eden Court gus tuigse fhaighinn air mar a tha a' bhuidheann ag obair agus gus molaidhean a dhèanamh airson Gàidhlig a thoirt a-steach do na dòighean-obrach againn
- Gabh pàirt ann an cothroman ionnsachaidh foirmeil is neo-fhoirmeil eile

Dleastanasan san fharsaingeachd

- Dleastanasan sam bith eile a thèid iarraidh leis an t-Sreath Mhanaidsear, a tha nan riatanasan reusanta airson obair Manaidsear Pròiseict Gàidhlig
- A' leantainn agus a' brosnachadh poileasaidhean buidhne leithid Co-ionannachd Chothroman, Slàinte is Sàbhailteachd, Dìon agus Dìon Dàta
- A' cumail suas àrainneachd a tha sàbhailte agus fàilteachail do chom-pàirtichean, luchd-èisteachd/amhairc, luchd-tadhail, luchd-obrach agus a h-uile duine eile
- A' riochdachadh Eden Court gu proifeasanta aig coinneamhan air an taobh a-muigh agus a' brosnachadh na h-obrach againn

Sònrachadh Neach

- Fileantachd sa Ghàidhlig (labhairteach agus sgrìobhte)
- Eòlas air a bhith a' planadh, a' deasachadh, agus a' libhrigeadh iomadh pròiseact aig an aon àm
- Deagh sgilean conaltraidh ann an labhairt is sgrìobhadh sa Bheurla
- Eòlas air a bhith ag obair còmhla ri roinn nan ealan
- Fìor dheagh sgilean riaghaladh ùine is uallach obrach, a' cumail fòcas air an obair a tha ri làimh agus air a bhith a' riaghladh diofar phrìomhachasan
- Eòlas air lìonrachadh agus air a bhith a' togail dhàimhean làidir le luchd-ùidh, a' gabhail a-steach dàimhean a thogail taobh a-staigh coimhearsnachd na Gàidhlig
- Eòlas Gàidhlig a theagasg gu foirmeil no gu neo-fhoirmeil
- Eòlas air a bhith ag eadar-theangachadh diofar sheòrsaichean meadhanan dhan Ghàidhlig
- Dòigh mhisneachail is phroifeasanta le comas a bhith a' stèidheachadh agus a' cumail suas deagh dhàimhean-obrach
- Onarach agus earbsach, le dòigh chàirdeil is fhàilteachail
- Dealas airson a bhith a' togail mothachadh air a' Ghàidhlig agus air na cothroman na lùib anns na h-ealainean
- Comas a bhith a' gabhail cùisean ort fhèin, a bhith a' fuasgladh dhuilgheadasan, a' stiùireadh d' uallach obrach, a' suidheachadh phrìomhachasan agus a' coileanadh chlàran-ama
- Sùbailteachd a thaobh uairean obrach

Fiosrachadh Fastachd

TIOTAL NA H-OBACH	Manaidsear Pròiseict Gàidhlig
TUARASTAL	£34,449 gach bliadhna (co-ionann làn-ùine)
UAIREAN OBACH	20-25 san t-seachdain, Tha obair shùbailte/mheasgaichte ri faighinn
SEÒRSA CÙMHNAINN	Àm Stèidhichte gu 31 Màrt 2028
ÀITE	Eden Court na Gàidhealtachd, Rathad an Easbaig, Inbhir Nis, IV3 5SA
ROINN	Taisbeanadh Beò
SREATH MHANAIDSEAR	Stiùiriche Taisbeanadh Beò + Riochdachaidh
PEINNSEAN	Tabhartas 6% bhon chompanaidh le The People's Pension
SAOR-LÀITHEAN	Riarachadh co-ionann ri làn-ùine de 36 latha de shaor-làithean bliadhnail pàighte, a' gabhail a-steach 8 saor-làithean poblach. Bidh fòrladh bliadhnail ag àrdachadh gu 37 latha às dèidh 1 bhliadhna de sheirbheis, suas ri 41 latha às dèidh 5 bliadhna de sheirbheis. Bidh riarachadh saor-làithean pro rata airson daoine a tha ag obair nas lugha na 37.5 uairean a thide san t-seachdain.

SOCHAIREAN EILE

- Tiocaidhean an-asgaidh agus lasaichte gu tachartasan aig Eden Court
- Brot an-asgaidh agus lasachadh 20% do luchd-obrach aig Cafaidh/Bàr Eden Court
- Pasgan sochairean leudaichte
- Pàirceadh an-asgaidh
- Roghainnean obair shùbailte

Mar a chuirear tagradh a-steach

Tha sinn gu mòr airson àite-obrach a chruthachadh a chuireas luach air iomadachd agus a bhrosnaicheas in-ghabhail. Tha sinn a' cur fàilte air tagraidhean bho dhaoine dè gach cùl-raon, agus le gach seòrsa eòlas beatha agus tha sinn gu sònraichte a' brosnachadh tagraidhean bho choimhearsnachdan a tha fo-riochdaichte no iomallaichte. Tha sinn a' cur luach air raon farsaing de sheallaidhean agus de dh'fhèin-fhiosrachaidhean agus 's e ar prìomhachas a bhith a' cruthachadh àrainneachd far a bheil a h-uile duine a' faireachdainn gu bheil spèis ga cur annta agus gu bheil iad a' faighinn taic.

Tha sinn a' cur fàilte air tagraidhean anns a' chruth as fheàrr a fhreagras ort. Faodaidh tu tagradh a dhèanamh ann an sgrìobhadh ann an litir (gun a bhith nas fhaide na dà thaobh A4) a' mìneachadh d' ùidh san dreuchd agus carson a tha thu den bheachd gum biodh tu freagarrach air a son.

Tha thu di-beathte cuideachd tagradh a dhèanamh ann an cruthan eile nam b' fheàrr leat sin – dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach clàradh bhidio no fuaim no cruth eile a tha a' toirt comas dhut innse dhuinn mu do dheidhinn agus mu do fhreagarrachd san dreuchd ann an dòigh shoilleir is ruigsinneach.

Cuir a-steach na leanas cuideachd:

- CV a rinneadh bho chionn ghoirid (ma tha thu a' dèanamh tagradh ann an sgrìobhadh) - chan eil CV riatanach airson iarrtasan neo-sgrìobhte)
- D' ainm
- An seòladh agad
- An àireamh fòn agad
- Feumalachdan ruigsinneachd sam bith a dh'fhaodadh a bhith agad ma thèid cuireadh gu agallamh a thoirt dhut

Bu choir tagraidhean a chur gu: jobs@eden-court.co.uk

Mura h-eil thu cinnteach dè an dòigh as fheàrr air tagradh a dhèanamh no ma tha thu airson bruidhinn mu dheidhinn atharrachaidhean no taic sam bith leis a' phròiseas tagraidh, na bi leisg fios a chur thugainn. Gabhaidh sinn tagraidhean ann an Gàidhlig no Beurla.

Feumaidh tagraidhean a bhith againn airson **Diluain 11 Cèitean 2026**.

Tha sinn nar fastaiche a tha Misneachail a thaobh Ciorraman

Tha Eden Court moiteil a bhith nar fastaiche a tha Misneachail a thaobh Ciorraman. Tha sinn gu mòr airson dèanamh cinnteach gum bi am pròiseas fastaidh againn in-ghabhalach, ruigsinneach agus fàilteachail dhan a h-uile duine, agus tha sinn a'

brosnachadh thagraidhean gu gnìomhach bho thagraichean le ciorraman agus tinneasan fad-ùine.

Mar phàirt den ghealltanas seo, bidh sinn:

- A' gealltainn gum faigh tagraiche sam bith a tha gam meas fhèin mar chuideigin air a bheil ciorramach agus a choileanas na slatan-tomhais riatanach as isle airson na dreuchd agallamh (ach a-mhàin mura h-eil seo practaigeach air sgàth àireamh nan tagraidhean)
- A' tabhann atharrachaidhean reusanta tron phròiseas fastaidh is taghaidh gus dèanamh cinnteach gun urrainn do thagraichean pàirt a ghabhail ann gu h-iomlan
- A' toirt taic do luchd-obrach a th' ann mar-thà air an tig ciorram no tinneas fad-ùine, gan cuideachadh gus fuireach agus soirbheachadh nan dreuchdan

Ma tha thu airson gun tèid beachdachadh air an tagradh agad fon sgeama far am faigh daoine le ciorram agallamh, feuch an comharraich thu seo air an tagradh agad no cuir fios thugainn aig jobs@eden-court.co.uk. Chan fheum thu fiosrachadh mu nàdar do chiorraim fhoillseachadh mura h-eil iad buntainneach do dh'atharrachaidhean sònraichte sam bith a tha thu ag iarraidh. Thèid fiosrachadh sam bith a bheir thu seachad a làimhseachadh gu dìomhair.

Dearcnachadh Co-ionannachd Chothroman

Tha sinn ag iarraidh air gach tagraiche am foirm Dearcnachaidh Co-ionannachd Chothroman a lionadh mar phàirt den tagradh agad, as urrainn dhut lionadh [an seo](#).

Cuidichidh seo sinn le bhith a' cumail sùil air dè cho in-ghabhalach agus riochdachail 's a tha am pròiseas fastaidh againn. Tha am fiosrachadh a bheir thu seachad gun urra, chan eil e air a cho-roinn leis a' phannal taghaidh, agus chan eil e air a chleachdadh ach airson adhbharan dearcnachaidh a rèir ar rùin a bhith a' brosnachadh co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhail.

Ruigsinneachd agus Atharrachaidhean

Ma dh'fheumas tu pasgan na h-obrach ann an cruth eadar-dhealaichte, no ma tha thu airson atharrachaidhean sam bith iarraidh sa phròiseas tagraidh no agallaimh, cuir fios thugainn aig

jobs@eden-court.co.uk

Tha sinn toilichte rèiteachaidhean a dhèanamh gus taic a thoirt dhut.

Clàr-ama airson tagraidhean

CEANN-LATHA MU DHEIREADH	Diluain 11 Cèitean 2026
AGALLAMHAN	S/T 18 Cèitean 2026
FIOS MUN CHO-DHÙNADH AIR A CHUR A-MACH DHAN A H-UILE TAGRAICHE	Ro 25 Cèitean 2026
TAGRAICHE SOIRBHEACHAIL CEANN-LATHA TÒISEACHAIDH	Ri aontachadh